

A bhith nad fhianais

LEABHRAN AIRSON CLANN
ANN AN IMEACHDAN EUCORACH

A bhith nad fhianais

**LEABHRAN AIRSON CLANN
ANN AN IMEACHDAN EUCORACH**

Taing shònraichte don chloinn ann am Bun-sgoil Albert ann an Springburn agus Bun-sgoil Ghleann Dail ann am Pollokshields.

Dealbhan le Eleanor Meredith,
Colaiste Ealain agus Dealbh Donnchadh Iordanstone, Oilthigh Dhundè

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Astron B41390 06/05
Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Òg-mhìos, 2005

Tha 100% den sgrìobhainn seo air a chlà-bhualadh air pàipear ath-chuartaichte agus gabhar ath-chleachdadh 100%

clàr-innse

- 01 ro-ràdh
- 02 dè a tha ann am fianais?
- 04 cò a dh'fhaodas do chuideachadh?
- 06 dè a thachras mus tèid mi gu cùirt?
- 07 dè a tha ann an cùirt?
- 08 cò a tha ann an seòmar na cùirte agus dè an obair a tha aca?
- 10 dè an obair a tha agadsa mar fhianais?
- 12 ag innse don chùirt na tha fios agad
- 14 a' faicinn an neach anns an t-seòmar-cùirte
- 15 gad chuideachadh a bhith nad fhianais
- 16 a' cleachdadh telebhisean shònraichte
- 18 a' cleachdadh scrion
- 20 a' cleachdadh neach-taice
- 21 rudan eile a dh'fhaodadh do chuideachadh
- 22 a' tadhal air a' chùirt
- 24 a' feitheamh ri bhith nad fhianais
- 26 dè a thachras an uair a tha thu deiseil?
- 27 rudan ri chuimhneachadh
- 28 ceistean?

ro-ràdh

Chaidh iarraidh ort a bhith nad fhianais.

Cuidichidh an leabhran seo thu.

dè a tha ann am fianais?

Is e a tha ann am fianais ach cuideigin aig am faodadh fios a bhith mu rudeigin cudromach.

Ma dh'fhaodte gum faca no gun cuala tu rudeigin.
Neo 's dòcha gu bheil rudeigin air tachairt dhut.

Is dòcha gu bheil thu air bruidhinn ris a' phoileas no neach-obrach sòisealta no ri neach-lagha agus air na tha fios agad innse dhaibh.

A-nise, tha e cudromach innse do na daoine a tha anns a' chùirt mu na tha fios agad.

'S e a bhith nad fhianais a theirear ris a seo.

Chan eil fios aig cuid de chloinn air mòran mu dheidhinn a bhith nad fhianais no a bhith a' dol gu cùirt. Na gabh dragh. Tha mòran dhaoine ann a dh'fhaodas do chuideachadh.

Seo cuid de na rudan a tha clann eile air faighneachd mu dheidhinn.

Dè a thachras sa chùirt?

Cò a bhitheas anns a' chùirt?

Am bi mi leam fhèin?

Cò as urrainn cuideachadh an uair a tha mi nam fhianais?

Innsidh an leabhran seo dhut na dh'fheumas tu fhaighinn a-mach.

cò a dh'fhaodas do chuideachadh?

Tha mòran dhaoine ann a dh'fhaodas do chuideachadh. Faodaidh tu bruidhinn ri cuideigin anns an teaghlach agad fhèin no ri cuideigin anns an sgoil agad.

Seo cuid de dhaoine eile air a bheil e mar dhleastanas chuideachadh a thoirt dhut:

- Faodaidh **neach-obrach sòisealta** do chuideachadh. Is e a tha ann an neach-obrach sòisealta ach cuideigin a tha ag obair le daoine a tha feumach air barrachd chuideachaidh.
- Faodaidh **am poileas** do chuideachadh gus faighinn a-mach dè a tha a' tachairt.
- Is e an **neach-lagha** an neach a dh'iarr ort a bhith nad fhianais. Faodaidh iadsan do chuideachadh cuideachd.
- Tha daoine aig **Fiosrachadh agus Comhairle Luchd-fulaing (FCLF)** gus cuideachadh a thoirt do chuid de chloinn a tha nam fianaisean.
- Faodaidh **Seirbheis an Fhianais** do chuideachadh cuideachd. Tha daoine bho Sheirbheis an Fhianais ag obair anns a' chùirt.

dè a thachras mus tèid mi gu cùirt?

Ma dh'fhaodte gu bheil thu air bruidhinn ri neach-lagha mu dheidhinn a bhith nad fhianais.

Is e a tha ann an neach-lagha ach cuideigin a tha a' toirt air an lagh obrachadh ceart.

Mar as trice thig an neach-lagha a bhruidhinn riut agus a dh'fhaighneachd cheistean dhìot. Is dòcha gum bi barrachd is aon neach-lagha a bhitheas airson ceistean a chur ort.

Faodaidh iadsan innse dhut mu dheidhinn na cùirte agus sealltainn dhut cò ris a tha i coltach. Innis don neach-lagha ma tha thu airson tadhal air a' chùirt agus sùil a thoirt timcheall oirre.

Feuchaidh an neach-lagha ris na ceistean agad uile a fhreagairt.

dè a tha ann an cùirt?

Is e a tha ann an cùirt ach àite far a bheil bhrìtheamh ag obair. Tha am bhrìtheamh os cionn na cùirte agus 's e an obair aca èisteachd ris na tha agadsa ri ràdh. Faodaidh iad cuideachd ceistean a chur ort.

Ann an cuid de chùirtean canar siorraidh ris a' bhrìtheamh.

Feumaidh a' chùirt co-dhùnadh co dhiubh a tha cuideigin air dad a dhèanamh ceàrr agus an lagh a bhriseadh.

Tha an lagh mar shèata de riaghailtean nach fhaod daoine a bhriseadh. Tha a bhith a' briseadh an lagh an aon rud ri bhith a' dèanamh eucoir.

Tha e ceàrr an lagh a bhriseadh.

Is e togalaichean le barrachd air aon sheòmar nam broinn a tha anns a' chuid as motha de chùirtean. Is e seòmar na cùirte an seòmar as cudromaiche.

cò a tha ann an seòmar na cùirte agus dè an obair a tha aca?

- **Tha am bhrìtheamh agus an luchd-lagha an-còmhnaidh ann an seòmar na cùirte.** Is e an obair acasan dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile dad cothromach.

Tha daoine eile aig bhrìtheamhan airson an cuideachadh.

- **An clàrca:** Seo an neach a tha a' coimhead as dèidh pàipearan a' bhrìtheimh.
- **Oifigear na cùirte (uaireannan theirear macer ris):** Seo an neach a tha a' faighinn rudan airson a' bhrìtheamh agus a' coimhead as dèidh dhaoine eile anns a' chùirt.
- **An diùraidh:** Seo buidheann de dhaoine a tha ag èisteachd riutsa agus a' cuideachadh na cùirte co-dhùnadh co dhiubh a tha neach air an lagh a bhriseadh.
- **An neach a tha fo chasaid:** Seo cuideigin a dh'fhaodadh a bhith air an lagh a bhriseadh. Bidh an neach a tha fo chasaid air chomas a h-uile dad anns an t-seòmar-cùirte fhaicinn agus a chluinntinn.
- **Am poball:** Uaireannan bidh daoine eile a' suidhe sa chùirt dìreach airson coimhead. Faodaidh tu innse don bhrìtheamh no an neach-lagha mura bheil thu airson's gum bi daoine eile ann.
- **Poileas no neach-dìona:** Is e an obair acasan dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine modhail.

dè an obair a tha agadsa mar fhianais?

Is e an obair agadsa innse do na daoine sa chùirt mu na tha fios agad.

Uaireannan faodaidh seo a bhith duilich. Tuigidh am briteamh agus an neach-lagha ma tha beagan de dhragh ort. Tha fios aca gu bheil thu ann airson an cuideachadh. Agus bheir iadsan cuideachadh dhutsa.

Thèid ceistean a chur ort.

- Is dòcha gum faighnich am briteamh dè an t-ainm a tha ort agus dè an aois a tha thu.
- Cuiridh an luchd-lagha ceistean ort mu dheidhinn rudeigin a tha thu 's dòcha air fhaicinn no a chluinntinn.
- Is dòcha gum faighnich iad dhut mu dheidhinn rudeigin a tha air tachairt dhut.

Bu chòir dhut a h-uile dad air a bheil fios agad innse don bhrìtheamh agus an luchd-lagha.

Tha e ceart gu leòr innse dhaibh fiù's ma tha e duilich bruidhinn mu dheidhinn cuid de rudan.

Tha e ceart gu leòr rùn-dìomhair innse dhaibh, fhad's a tha e fìor.

Cha bu chòir eagal sam bith a bhith ort an fhìrinn innse.

ag innse don chùirt na tha fios agaibh

Chan eil fios aig a' bhrìtheamh agus an luchd-lagha dè a thachair.

Feumaidh tusa an cuideachadh le bhith ag innse don chùirt na tha fios agad.

Tha e fìor chudromach an fhìrinn innse mun a h-uile rud.

Èist gu cùramach ris na ceistean uile. Feuch ris na ceistean a fhreagairt. Cuimhnich gum bruidhinn thu gu soilleir agus gu cruaidh.

Tha a' chùirt airson cluinntinn na tha **agadsa** ri ràdh. Cha bu chòir do dhuine sam bith innse dhut dè a bu chòir dhut a ràdh.

Uaireannan cleachdaidh am britheamh agus an neach-lagha faclan fada agus duilich, no faighnichidh iad ceistean nach eil furasta an tuigsinn. Mura bheil thu a' tuigsinn facal no ceist, tha e ceart gu leòr a ràdh 'Chan eil mi a' tuigsinn'.

Faodaidh tu do làmh a chur suas agus a ràdh 'gabh mo leisgeul', dìreach mar a tha thu a' dèanamh anns an sgoil.

Faodaidh tu iarraidh orra faclan nas lugha a chleachdadh.

Tha e cudromach nach feuch thu ri tuairmse a dhèanamh mu dheidhinn rudeigin.

Mura bheil fios agad air an fhreagairt no mura bheil cuimhne agad, tha e ceart gu leòr sin a ràdh.

Na bi troimhe-chèile mura bheil fios agad air an fhreagairt.

a' faicinn an neach anns an t-seòmar-cùirte

Ma dh'fhaodte gu bheil thu air an neach mun do dh'innis thu a chomharrachadh do na poileis mar-thà. Ma tha, 's dòcha nach fheum thu a dhèanamh a-rithist.

Ach 's dòcha gum faighnich an neach-lagha anns a' chùirt dhut an tèid agad air an neach sin fhaicinn.

Ma thèid faighneachd dhut, bu chòir dhut sùil chùramach a thoirt timcheall.

Ma chì thu an neach bu chòir dhut a chomharrachadh.

Mura faic thu an neach, faodaidh tu a ràdh 'Chan eil mi gam faicinn'.

Ma tha dragh ort mu bhith a' faicinn an neach anns a' chùirt, bu chòir dhut innse do chuideigin a dh'fhaodas do chuideachadh.

gad chuideachadh a bhith nad fhianais

Chan eil e an-còmhnaidh furasta a bhith nad fhianais. Tha inbhich a' tuigsinn gum faodadh tu a bhith iomagaineach.

Thèid innse dhut mu dhiofar dhòighean a chuidicheas tu a bhith nad fhianais. Faodaidh na dòighean seo do chuideachadh ann a bhith a' faireachdainn nas comfurtaile.

Innsidh neach-lagha, an neach-obrach sòisealta, FLF no Seirbheis an Fhianais dhut mu dheidhinn na dòighean sònraichte seo a thaobh a bhith nad fhianais.

a' cleachdadh telebhisean shònraichte

Faodaidh tu a bhith nad fhianais le bhith a' cleachdadh telebhisean shònraichte gun a bhith a' dol a-steach don t-seòmar-cùirte. Faodaidh seo do chuideachadh mura bheil thu cinnteach mu bhith a' dol a-steach do sheòmar-cùirte luma làn dhaoine. Faodaidh tu an telebhisean seo a chleachdadh gus bruidhinn ris a' bhrìtheamh agus an luchd-lagha.

Dh'fhaodadh seòmar na telebhisean a bhith anns an aon togalach ris an t-seòmar-cùirte.

Uaireannan chan fheum clann òga tighinn a-steach do thogalach na cùirte idir. Dh'fhaodadh seòmar na telebhisean a bhith ann an togalach eile air falbh bhon chùirt.

An uair a tha an telebhisean air a tionndadh air, faodaidh na daoine a tha anns an t-seòmar-cùirte d'fhaicinn agus do chluinntinn. Chì thu an neach a bhios a' cur nan ceistean ort air scrion na telebhisean.

Bu chòir dhut innse don bhrìtheamh mura bheil thu a' cluinntinn nan ceistean ceart no ma tha trioblaid eile ann.

a' cleachdadh scrion

Is dòcha gu bheil thu airson a dhol a-steach don t-seòmar-cùirte ach gu bheil thu draghail mu bhith a' faicinn an neach mun do bhruidhinn thu.

Faodar scrion a chur suas anns an t-seòmar-cùirte gus nach fheum thu coimhead air an neach sin.

Tha an scrion mar chùirt a tha a' sgaradh an t-seòmair.

Bidh thu fhathast air chomas am britheamh, an diùraidh agus an luchd-lagha agus an luchd-taice aca fhaicinn.

a' cleachdadh neach-taice

Faodaidh tu cuideachd inbheach fhaighinn a bhitheas còmhla riut fad an t-siubhail fiù's an uair a tha thu a' bruidhinn ris a' bhritheamh no an luchd-lagha.

Is e neach-taice a theirear ris an neach seo.

Smaoinich mu dheidhinn cò a b'fheàrr leat mar neach-taice.

rudan eile a dh'fhaodas do chuideachadh

Is dòcha gun innis an FCLF no an neach-lagha dhut mu dheidhinn dòighean sònraichte eile anns am faod thu a bhith nad fhianais.

An do rinn am poileas bhideo no clàradh air teip an uair a bhruidhinn thu riutha? An do sgrìobh am poileas sìos na thuirt thu?

Faodar a' bhideo no an teip a chluich anns a' chùirt. No faodar notaichean nam poileas a leughadh a-mach.

Ma thachras sin, ma dh'fhaodte gun tèid iarraidh ort coimhead no èisteachd. An uairsin 's dòcha gum faodar ceistean a chur ort mu na thuirt thu.

Mar as trice bidh faraghruagan agus gùnaichean air a' bhritheamh agus an luchd-lagha sa chùirt, coltach ri deise-obrach. Faighnich do chuideigin mu dheidhinn seo. Mura bheil thu ag iarraidh gun cuir iad orra na faraghruagan agus na gùnaichean aca, innis do chuideigin.

Tha a' chùirt airson faighinn a-mach dè an dòigh a b'fheàrr leatsa a bhith nad fhianais.

Na biodh eagal ort ceistean fhaighneachd.

Cuidichidh cuideigin thu an rud as fheàrr a dhèanamh dhutsa. Ma dh'atharraicheas tu d'inntinn, innis do chuideigin a dh'fhaodas do chuideachadh.

a' tadhal air a' chùirt

Is dòcha nach robh thu ann an cùirt riamh roimhe.

'S e deagh smuain a th' ann tadhal air a' chùirt no air an làraich far a bheil thu gu bhith nad fhianais.

Faodaidh tu a dhol ann còmhla ri cuideigin as aithne dhut. 'S dòcha cuideigin bhon teaghlach agad no an neach-obrach sòisealta agad no FCLF.

Bidh cuideigin bhon t-Seirbheis Fhianais ann airson do shealltainn mun cuairt agus do chuideachadh.

Faodaidh tu sùil a thoirt timcheall agus faicinn far am bi thu nad shuidhe.

Chì thu an telebhisean shònraichte agus an scrion. Faodaidh tu feuchainn air a bhith nad fhianais.

Ma tha thu airson beagan spòrs fhaighinn, faodaidh tu feuchainn air a bhith nad bhrìtheamh.

Is dòcha gum bi e comasach dhut fhaicinn cò ris a tha seòmar-cùirte agus na dòighean sònraichte coltach air CD ROM. Faodaidh tu faighneachd mu dheidhinn seo.

a' feitheamh ri bhith nad fhianais

Faodaidh tu bhith a' feitheamh ùine mhòr airson a bhith nad fhianais.

'S e àiteachan trang a tha ann an cùirtean. Is dòcha gum feum thu feitheamh. 'S dòcha gum fairich thu an ùine fada. **'S e deagh bheachd a tha ann leabhar no comaig a thoirt leat no fear de na dèideagan as fheàrr leat.**

Iarr air an neach a tha a' tighinn còmhla riut rudeigin a thoirt leibh airson ithe agus òl.

Uaireannan feumaidh tu a dhol dhachaigh agus tilleadh air ais latha eile.

Uaireannan 's dòcha gu bheil thu air tòiseachadh air ceistean a fhreagairt ach gum feum thu tilleadh air ais latha eile airson crìochnachadh.

dè a thachras an uair a tha thu deiseil?

As dèidh do na ceistean uile a bhith air am faighneachd, agus as dèidh dhut na tha fios agad innse don chùirt, bidh thu deiseil.

Bidh thu air obair fìor chudromach a dhèanamh.

An uair a tha na fianaisean uile deiseil nì a' chuir co-dhùnadh co dhiubh a tha cuideigin air an lagh a bhriseadh agus mu dheidhinn an ath rud a bu chòir tachairt. Innsidh cuideigin dhut dè a tha a' chùirt air a cho-dhùnadh.

meal do naidheachd!
tapadh leat airson a bhith nad fhianais.

rudan ri chuimhneachadh

Faodaidh tu cuideachadh iarraidh an uair a tha thu nad fhianais.

'gabh mo leisgeul!'

Tha e ceart gu leòr do làmh a chur suas agus 'gabh mo leisgeul' a ràdh.

Ma dh'fhaodte gum feum thu stad airson d'anail a leigeil.

Ma dh'fhaodte gum feum thu glainne uisge no gum feum thu a dhol don taigh-bheag.

Ma tha thu a' faireachdainn tinn no sgìth, tuigidh am britheamh agus an luchd-lagha.

Feuchaidh a h-uile duine ri do chuideachadh.

ceistean?

Faodaidh tu ceistean sam bith a tha agad mu dheidhinn a bhith nad fhianais a sgrìobhadh sìos.

Faigh cuideigin gus do chuideachadh ma tha thu ag iarraidh.

Feuchaidh an neach-lagha, FCLF no Seirbheis an Fhianais ris na ceistean agad uile a fhreagairt.

CEISTEAN?	FREAGAIRT
A bheil mi ag iarraidh scrion no telebhisean shònraichte a chleachdadh?	
Cò a dh'fhaodadh a bhith na neach-taice dhomh?	
A bheil mi ag iarraidh tadhal air a' chùirt?	
Dè na rudan mu bheil mi draghail?	

Meal do naidheachd agus tapadh leat

na notaichean agad

Tha tuilleadh lethbhreacan den sgrìobhainn seo rim faotainn, air iarrtas, air teip, riochd clò nas motha agus ann an cànanan coimhearsnachd.

Fòn gu 0131 244 2213.

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2005

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba: www.scotland.gov.uk

Astron B41390 06/05 (Gaelic)

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho
Bùth-leabhraichean Blackwell
53 Drochaid a Deas
Dùn Èideann
EH1 1YS

Òrdain Fòn agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain Facs
0131 557 8149

Òrdain Post-D
business.edinburgh@blackwell.co.uk

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn

www.scotland.gov.uk